

Candidate 4**Assignment writing title: Drugaichean ann an luth-chleasachd**

Obair shònraichte-sgrìobhadh - tiotal: Drugaichean ann an luth-chleasachd

Drugaichean ann an luth-chleasachd.

Tha t-saoghal spòrs a coimhead mar gu bheil a h-uile rud math gu leòr, ach nuair a tha fios agad air beagan mu dheidhinn agus an trioblaid mòr a th'ann, cha bhì sibh a' smaoinneachadh air mar sin idir.

Bidh mise a' gabhail pàirt ann an spòrs gu math tric ach 'se luth-chleasachd an spòrs as fheàrr leam. Tha uidh mhòr agam ann an luth-chleasachd agus mar seo bidh mi a leantainn de bhios a tachairt anns an t-saoghal sin air na naidheachdan neo air an eadar-lìon. Air sàillibh's gu bheil mi a leantainn seo, tha mi

a' faicinn gu bheil trioblaid uabhasach
mòr ann, agus 'se sin luth-chleasaichean
a' gabhail drugaichean airson ~~na~~ fàs
nas fheàrr air an spòrs aca. Tha an
trioblaid seo gu math inntinneach
dhomhsa chionns gu bheil mi eòlach
air a bhith nam luth-chleasaiche
agus tha mi a' tuigsinn an cron
is 'urrainn drugaichean a' deanamh
air do bheatha.

Tha tòrr diofar drugaichean ann a
bhios luth-chleasaichean a' gabhail
airson a' bhuanachadh co-fàrpaisean.
Tha drugaichean ann a tha
a' cuideachadh luth-chleasaichean a
bhith a' trèanadh nas cruaidhe agus
a tha a' cuideachadh na feith
aca a fàs nas motha. Tha feadhainn
ann a tha a' toirt barrachd lùth

dhaibh agus a tha a' cuideachadh
iad a' faighinn air ais a trèanadh.
nuair a tha goirteas aca agus tha
drugaichean ann a tha a' cuideachadh
luth-chleasaichean a fòcasadh nuair
a tha iad a strì ann an
co-fharpaisean. Tha cuideachd
drugaichean a bhios luth-chleasaichean
a' gabhail nuair a tha iad air
drugaichean neo-laghail a' gabhail
agus bidh na drugaichean seo a
falachadh na drugaichean eile
oir 's nach fàillich na luth-chleasaichean
deuchainn airson drugaichean.

Ge-tà drugaichean a' deanamh
rudan math airson luth-chleasaichean
agus ~~na~~ a' cuideachadh iad a
deanamh nas fheàrr ann an
co-fharpaisean, tha cuideachd rudan

clona mu dheidhinn iad. Tha a
mhòr chuid de na drugaichean
a bhios luth-chleasaichean a' gabhail
a deanamh cron air na bheo-shlainnt
aca, agus surrainn seo a bhith gu
math eunnartachd agus a deanamh
orra a stad luth-chleasaichean agus
spòrs sam bith airson ùine mhòr
neo am beatha aca air fad. As deidh
a bhith a' gabhail na drugaichean,
surrainn dhut a' faighinn
tinneas-cridhe neo surrainn an
cridhe agad a stad uile gu lèir.
Surrainn dhut ailse a' faighinn,
Surrainn dhut a tionndaidh
diabaitich, Surrainn dhut tinneas
nan alt a' faighinn, Surrainn dhut do
ghruag a chall, Surrainn na
drugaichean a milleadh do grùthan
agus dubhagan agus tòrr rudan eile.

Mu fàidh am buidheann a bhios a
cuir na co-farpaisean air doidh
a mach gu bheil luth-chleasaichean
a' gabhail drugaichean bidh iad a toirt
casg dhaibh. Tha seo a' ciallachadh
nach fhaod iad a strì ann an
co-farpaisean gus a bheil an casg
aca deiseil. Aon eisimpleir de
luth-chleasaiche a fhuair casg bho
co-farpaisean air gun robh iad a'
gabhail drugaichean 'Se Tyson Gay
bho Ameireagaidh. Aig na h-òlimpics
hunnainn ann an da mhìle 'sa
dha dheug, fhuair ceathrar
fireannaich bho na Stàiteachan
donaichte a bha a' ruith mar
Sgiopa an dàrna aite. Bha Tyson
anns an Sgiopa seo agus fhuair
iad uile bonn airgead. Bliadhna

às deidh seo a' bhuannachadh, bha
deuchainn ann airson drugaichean
air Tyson agus fàillich e trì turasan.
Mar seo, bha feum aig an sgioba gu
lèir a toirt na bonn airgead aca
air ais agus fhuair Tyson casg bho
co-fàrpaisean airson bliadhna. Bha
Tyson a' gabhail drugaichean a
bhios a' cuideachadh luth-chleasaichean
a' trèanadh nas cruaidhe agus
a bhios a deanamh na fèith aca
nas motha. Bha còrr aig a chasg
aig Tyson a bhith airson da
bhliadhna ach thug e fianais gun
tug an còise aige na drugaichean
dha agus bha an casg aig Tyson
air an lùghdachadh. Eisimpleir eile
de luth-chleasaichean a' faighinn
casg bho co-fàrpaisean 's e sgioba
An Ruis air fad. fhuair An Ruis

Casg anns an t-Samhain da mhìle
'Sa coig deug agus cha buntainn
dhaibh a'dol gu tòrr co-fàrraisean.
Bha barrachd air mìle luth-chleasaichean
anns an sgioba air a'ghlacadh airson
drugaichean a'gabhail. Bha iad
a'gabhail na drugaichean bho da
mhìle 'Sa h-aon deug gu da
mhìle 'Sa coig deug agus 'se sin
nuair a bha iad air a'ghlacadh.

Bha an casg aca airson da
bhliadhna. Tha na h-eisempleirean
seo a sealltainn gum buntainn
dhutsa neo duine anns an
sgiofa agad a milleadh an
gnothaich airson daoine eile le
a'bhith a'gabhail drugaichean.
Tha e do-ainmicht an ciont a
bhios ort neo orra.

Tha mise a' smaoinneachadh gu
bheil drugaichean ann an luth-
chleasaichd ceàrr agus cunnartach.
Tha mi a' smaoinneachadh seo oir
gu bheil mi fhìn nam luth-chleasaiche
ann an sgioba agus cha bhith mise
neo na luth-chleasaichean eile anns
an sgioba agam a' gabhail drugaichean
oir gu bheil feum againn ag'
obrachadh uabhasach cruaidh
airson a' faighinn na duaisean a
tha sinn ag iarraidh. Chan eil mi
a' smaoinneachadh gu bheil e ceart
gu bheil luth-chleasaichean a tha
ainmeil agus a bhios Clann
a' coimhead suas ris a' chealgairteachd
agus a' faighinn duaisean nach
eil iad air a dh'obrachadh airson
(nuair nach eil iad air a ghlacadh),
nuair a tha luth-chleasaichean

Eile a trèanadh cho cruaidh agus a chuir am beatha aca air a loidhne airson a'faighinn gu a mhulach. Tha usain Bolt air a sealltainn dhuinn nach fheum duine drugaichean a'gabhail airson a'bhith an luth-chleasaiche as luaidhe anns an t-saoghal agus ann an eachdraidh. Tha usain air deuchainnean airson drugaichean a'faighinn fad am beatha ruith aige agus chan eil e air a fàillidh fear don triop.

Ann an co-dhùnadh tha tòrr luth-chleasaichean san latha an-diugh a'gabhail tòrr diofar drugaichean airson a'faidhinn nas fheàrr air an spòrs aca. Tha na drugaichean a bhios

iad a' gabhail an aith an lègh
agus tha iad gu math cunnartach.
Surrainn luth-chleasaichean
a' faighinn casg bho co-fàrraisean
mu tha iad air a' ghlacadh le
drugaichean agus tha mise a'
Smaoinneachadh gu bheil e
Sgrìosail gu bheil iad a' gabhail
na drugaichean seo anns a' chiad
àite.

870 faclan